



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba



## **Aq Obair ann an Com-pàirteachas**

### **Pàrlamaid Òigridh na h-Alba a' toirt taic do dh'obair Pàrlamaid na h-Alba (PA) ann a bhith a' ruigsinn barrachd dhaoine òga**

#### **Amas 1:**

Riochdachadh bheachdan dhaoine òga ga chur am meud ann an obair chomataidhean PA agus ann an gnothaichean pàrlamaideach nas fharsainge. Thèid bun-tomhas a stèidheachadh le PA ann an 2018/19 mus tèid targaidean airson fàs a shuidheachadh.

#### **Amas 2:**

Taic a thoirt do dh'iarntasan le Comataidhean POA agus PA a thaobh obair còmhla gus obair a chèile le òigridh a neartachadh le bhith a' cur dhòighean-obrach ùra fo dheuchainn, a' cumail choinneamhan ràitheil de luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne gus ionnsachadh a sgaoileadh agus dèanamh cinnteach gun tèid an t-ionnsachadh seo a roinn le Buill an dà Phàrlamaid.

### **A' dèanamh cheanglaichean nas fheàrr eadar Buill Pàrlamaid Òigridh na h-Alba (BPOA) agus na BPA roinneil is sgìreil aca**

#### **Amas 3:**

Taic a thoirt do leasachadh dhàimhean is tuigse eadar BPA agus BPOA le bhith a' sìor thabhann chothroman gus coinneachadh is obair le chèile. Gabhaidh seo a-steach taisbeanadh fo urras Ball Pàrlamaid Òigridh na h-Alba taobh a-staigh 5 mìosan às dèidh gach taghadh PA.

### **Suidhe Pàrlamaid na h-Òigridh aig Pàrlamaid na h-Alba**

#### **Amas 4:**

Bidh PA a' toirt aoigheachd do shuidhe POA uair gach dà bhliadhna sa Mhàrt às dèidh thaghadh POA le aonta chom-pàirtichean POA agus Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.

### **Togail dhàimhean eadar luchd-obrach anns na buidhnean**

#### **Amas 5:**

Dàimhean feumail a bhrosnachadh eadar luchd-obrach anns an dà bhuidhinn gus sìor phiseach a thoirt gu buil agus riaghladh èifeachdach a dhèanamh air uallach-obrach, tro phlana libhrigidh a thèid aontachadh agus a roinn eatorra.

### **Trèanadh is leasachadh do BPOAan**

**Amas 6:**

Gus eòlas BPOAan a leasachadh air ciamar a thèid iad an sàs le PA agus a Comataidhean, agus dèanamh cinnteach gu bheil na BPOAan sin nas uidheamaichte gus beachdan muinntir nan sgìrean-taghaidh aca a riochdachadh ann am PA a rèir Sgrùdadh Sgìlean POA.